

## Clàr-Innse

Roi-ràdh.....	2
Dé th' ann an Litreachd Teaghlaich? Dé th' ann an Litreachd Cloinne?.....	2
Stàth Litreachd Cloinne.....	3
Taic do Chànainean Dualchasach.....	4
Leughadh: Inbhean Aoise.....	5
Ceisdean a dh'fheumas freagairt ann a' gnìomhachd litreachd cloinne a leasachadh.....	8
Sreath de Ghnìomhan a dh'fheumas dèanamh airson gnìomhachd litreachd cloinne a leasachadh.....	8
A' Cur Sheirbheisean is Ghoireasan an Leabhar-lainn gu feum.....	11
Beachd-smuaintean Phrógraman.....	14
Goireasan.....	29
Clàr-leabhraichean.....	32



Tha a' phròiseict seo air taic-airgid 'fhaighinn bho Phrógram Co-chomainn Leasachadh Sòisealta Chanada. 'S ann leis an ùghdar a tha na beachdan 's na brìghean a tha 's an fhoillseachadh seo agus chan fhaodar an gabhail gu cinnteach mar bheachdan is bhrìghean Riaghaltas Chanada.

## Roi-ràdh

Tha Eagrachadh Foghlaim, Eòlaidheachd is Dualchais nan Nàiseantan Aonaichte a' sònrachadh litireachd mar “comas stuthan sgrìobhta agus an clò a bhuineas do chaochladh bhrìghean 'aithneachadh, a thuigsinn, a mhìneachadh, a chruthachadh, a chompàirteachadh, a thomhas agus a chur gu feum. 'S e ionnsachadh leanailteach a th' ann a' litireachd a bheir comas do ghach duine an rùintean a thoirt gu buil, an eòlas agus an cumhachd a leasachadh, agus làn-phàirt a ghabhail 'nan coimhearsnachd agus anns a' cho-chomann nas fharsaing.” (UNESCO, 2004, d. 13)

Tha litireachd a' toirt a-steach cuideachd barrachd air comas air leughadh is sgrìobhadh. Tha comas éisdeachd, bruidhinn, ìomhaighean, faclan agus bhideo a thuigsinn agus a mhìneachadh, ceisdean a fhreagairt agus smuaintean is beachdan 'aithris, uile nam pàirt de litireachd.

## Dé th' ann an Litireachd Teaghlaich? Dé th' ann an Litireachd Cloinne?

“'S e Litireachd Teaghlaich dòigh-déiligidh ri leasachadh litireachd a chuireas ri neartan an teaghlaich agus ri ceanglaichean anns na coimhearsnachdan agus anns an dualchas 's am bheil teaghlaichean beò 's ag ionnsachadh.”

(Ionad Litireachd Teaghlaich, 2002, d.1.1.3)

'S e rùn Litireachd Teaghlaich eadar-obair dhearbhadh a chruthachadh, araon am broinn an teaghlaich fhéin agus anns a' choimhearsnachd air fad, a cheadaicheas dhan teaghlach fàs agus co-roinn leis an fheadhainn mu 'n cuairt air. A thaobh Litireachd Teaghlaich, faodaidh an teaghlach a thoirt a-steach buill nan linntean uile, gun a bhith nas motha na dithis aig a bheil ùidh roinnte ann a' ionnsachadh agus fàs le chéile.



Tha litreachd cloinne 'na phàirt de sgàilean Litreachd Teaghlaich nas motha. 'S e an rùn de Litreachd Cloinne prógraman a leasachadh a bhios freagarrach aig gach aois agus a dheasaicheas clann a bhith soirbheachail 's a' sgoil agus fad am beatha. Nuair a dh'fhàsas suim ann a' leanabh a thaobh leughaidh, meudaichidh buaidh 's a' sgoil air aobhar 's gun do leasaich e/i a c(h)uid fhaclan agus sgilean ann a' sgrìobhadh, tuigsinn agus rannsachadh.

Bidh Prògraman Litreachd Cloinne soirbheachail a' gabhail pàirt ann a' leanabh slàn, soirbheachail a thogail is aig an aon àm a' cuideachadh le suim fad beatha ann an ionnsachadh a theagasg.

## Stàth Litreachd Cloinne

'S e pàrantan ciad thidsearan leanabh—agus an fheadhainn as cudthromaiche. Gu tric bidh na leasain a dh' ionnsaicheas clann 's an dachaidh air an toirt leotha nuair a bhios iad nan inbhich. Ma dh' éiricheas tlachd ionnsachaidh ann a' leanabh 'na (h)òige, 's coltach gun cum e/i an tlachd sin fad a b(h)eatha.

'S ann an litreachd ealan a thòisicheas ann a' leanabachd agus a mheudaicheas fad ar làithean. 'S e a' chiad chòig no sia bliadhnaichean dh' ar beatha as cudthromaiche a thaobh litreachd. 'S e leughadh deas agus leasachadh cànan rè nam bliadhnaichean cudthromach sin a chuireas piseach air litreachd air bhonn. Faodaidh pàrantan, peathraichean is bràithrean, sine-phàrantan, luchd-dìona, buill eile dhen teaghlach, uile pàirt a ghabhail am bonn seo a thogail agus toradh 'àrach airson an àm' ri teachd.

Bidh buaidh aig litreachd air gach pàirt dh' ar beatha, 'nam measg ar slàinte agus ar inbhe eaconomach. Tha rannsachadh air sealltainn dhuinn gun cuir ealain ìosal ann a' litreachd agus cion foghlaim gu mór ri ailbhe.

“Chan eil ach 2/3 an teachd-an-tìr inbheach eile aig daoine le duilgheadais ann a' litreachd. Bidh cion ionnanachd ann a'



litreachd a' cur ri cion ionnanachd ann a' teachd-an-tìr, inbhe obrach agus rathad a-staigh do dhreuchdan àraid. Bidh daoine le inbhe 1 (as ìsle) de dh' ealain litreachd a' cosnadh \$28,000 nas lugha na 'n fheadhainn aig a bheil inbhe 4-5( as àirde).”

(Buidheann airson Litreachd Chanéidianaich).

'S coltaiche gu soirbhich le clainn, 's an sgoil agus 'nam beatha, anns am fàs tlachd ann a' leabhraichean agus leughadh.

'S cudthromach cuimhn' a bhith againn nach bi Litreachd Cloinne a' tighinn gu crìch nuair a théid leanabh dhan sgoil. Bu chòir do theaghlaichean cumail orra litreachd a bhrosnachadh anns an dachaidh eadhon às déidh dhan chlainn a bhith an sàs gu foirmeil 's an sgoil. Bheir oidhirpean dhen t-seòrsa sin cothrom dhan chlainn an ealain ann a' leughadh, sgrìobhadh agus bruidhinn a mheudachadh agus foghlam stéidheil 'fhaighinn. “Tha rannsachadh a' sealltainn seach connspaid gum bi euchdan cloinne 's an sgoil a' dol am feabhas ma bhios pàrantan a' tarraing barrachd air foghlam.”(Henderson, 1998)

## **Taic do Cànairean Thraidiseanta**

Ann an Ceann an Iarthuath na h-Albann Nuaidhe agus ann a' Ceap Breatainn, tha cànairean traidiseanta fhathast 'nam pàirt de bheatha na coimhearsnachdan. Tha àrosaich na sgìre seo air a bhith a' bruidhinn Fraingis, Miogamagaidh agus na Gàidhlig fad linntean. Ach an diugh, tha dùbhlain mhór air éirigh an aghaidh nan cànairean traidiseanta seo; agus tha e air fàs nas cudthromaiche ionnsachadh ann a' Fraingis, Miogamagaidh agus anns a' Ghàidhlig 'àrach. 'S cudthromach gu h-àraidh na cànairean traidiseanta a chur a-staigh do phrògraman cloinne seach gur e a' chlann a ghabhas riutha gu soirbheachail. Chan ann ach troimh chumail taic do ghnìomhachdan litreachd a mhaireas na cànairean sin agus a théid an neartachadh.

## Leughadh: Inbhean Aoise

'S cudthromach aois leanabh a chumail an cuimhne nuair a théid leabhraichean a thaghadh airson an leughadh. Dh'fhaoidte gu 's urrainn do chuid dhen chlainn leughadh nas àirde na 'n inbhe leughaidh ach tha e cheart cho cudthromach gun tuig a' leanabh an leabhar a tha e/i a' leughadh agus gun còrd e ris/rithe. Dh' fhaoidte nach urrainn do chlainn, eadhon an fheadhainn dha's urrainn leughadh os cionn an inbhe leughaidh, cuspair nas dorra a gheobhar ann a' leabhraichean aig inbhe nas àirde, a thuigsinn.

Gu h-ìseal chìtear iùl bunaiteach a dh'fhaodas ur cuideachadh ann a' leabhraichean a thaghadh do bhuidheann aig aoisean sònraichte:

### Pàisdean & Caodachain

'S e na leabhraichean as fheàrr do phàisdean is chaodachain feadhainn thomadach bhùird neo feadhainn anns am bheil duilleagan bog phlastaig.

Lorg dealbhan dathach, sgairteil neo dealbhan-camara le faclan furasda neo gun fhaclan. Tha seo a' toirt a-steach leabhraichean leithid ABC, leabhraichean cunntaidh, neo sgeòil fhasda anns am bheil co-fhuaim.

Bheir leabhraichean anns am bheil dealbhan de rudan a dh' aithnicheas an leanabh agad barrachd tlachd ann a' leughadh dha/dhi.



### Clann roimh aois na sgoile (3-4 bliadhna)

Aig an aois seo, tha a' chuid as motha de chlainn deiseil airson leabhraichean dhealbhan. Lorg dealbhan a ghlacas an t-sùil agus sgrìobhadh 's am bheil ruithim agus/neo co-fhuaim anns am bheil spòrs a bhith 'gan leughadh gu àrd-ghuthach, leithid leabhraichean leis an Dr. Seuss agus Raibeart Munsch. Feuch sgeòil fhasda a bhuineas do dh'eòlas cloinne. Dh'fhaoidte gum bi thu airson leabhraichean a thaghadh 's am bheil caractaran as fheàrr dhan chlainn, leithid Franklin, Dora neo Tòmas Einnsean na Tanca.

## **Ciad Ìre na Sgoile—Ìre 2 (5-7 bliadhna)**

Tòisich air caochladh nas fharsaing de leabhraichean dhealbhan a thaghadh—feadhainn le sgrìobhadh aig ìre leughadh an leanaibh, as urrainn dha/dhi feuchainn na (h)-aonar, agus leabhraichean eile le ròsg-ranntaichean is faclan nas dorra, a dh'fhaodas sibh leughadh le chéile agus air an urrainn dhuibh bruidhinn le chéile. Cuir an aithne an leanaibh leabhraichean aon chaibidil anns am bheil sgrìobhadh mór simplidh agus dealbhan air gach duilleig. 'S toil le clainn aig an aois seo ùirsgeul, a' gabhail a-staigh cuideachd sgeòil chlasaiceach shìthichean agus atharraisean ùr-nodha orra. 'S toil le clainn aig an aois seo cuideachd sgeòil ainmhidhean.

-gheobh clann anns a' chiad ìre buannachd bho sgeòil nas fhaide ach le grunn de dhealbhan a chumas an ùidh. Tha leabhraichean clasaiceach cloinne—leithid *Madeline; Goodnight Moon; Clifford the Big Red Dog; There's an Alligator under My Bed;* agus *Ranntaichean Cloinne*—fhathast tlachdmhor do chlainn.

- Faodaidh gu 's urrainn do chlainn 's a' chiad ìre leabhraichean furasda a leughadh leotha fhéin ach 's toil leotha gun leubhar riutha cuideachd. Faodaidh taghadh a dhèanamh bho: *I'm a Caterpillar; The Curious George Series; The Cat in the Hat;* and *Have you seen Crocodile?*

-Mu ìre a dhà 's còir gu 's urrainn do chlainn a bhith a' leughadh leotha fhéin ach gu tric bidhear airson gun téid leabhraichean a leughadh riutha fhathast. Seo feadhainn as fheàrr leotha: sreath *Arthur*; leabhraichean *Berenstain Bears*; agus an t-sreath *I CAN READ*.

## **Ìrean 3-5 (aoisean 8-10)**

Mar a bhios am mac-meanmainn agus sgilean leughaidh a' meudachadh, bidh clann a' tòiseachadh air leabhraichean a thaghadh, ficsean agus sgeulachdan fìor, a-rèir na 's toil leotha. Bidh a' mhòr-chuid dhen chloinn aig na h-aoisean seo a' tòiseachadh air imeachd a dhèanamh gu leabhraichean anns am



bheil caibidilean. Ma tha duilgheadas aig leanabh ann a bhith ag imeachd bho leabhraichean dhealbhan gu leabhraichean anns am bheil caibidilean, feuch feadhainn anns am bheil litrichean móra, furasda ri leughadh, agus dealbhan air gach duilleig.

-’S fheàrr le clainn aig ìre a trì leabhraichean nas fhaide a bheir barrachd air aon là airson a bhith ’gan leughadh. Tha iad deiseil airson leabhraichean le dealbhan nas gainne agus barrachd sgrìobhaidh. Feuch ùghdaran leithid Kate DiCamillo, Louis Sachar agus Eoin Colfer.

-Nuair a théid clann dhan cheathramh ìre, mar is tric tha iad a’ leughadh aig Inbhe ro-inbhich. Tha sreathan leabhraichean mór-thaitneach do chlainn na h-aoise seo, mar ùghdaran leithid E.B. White [*Charlotte’s Webb; Stuart Little*], Beverly Cleary [*Ramona*] agus Judy Blume.

-Tha clann aig ìre a ceithir deiseil airson gabhail ri leabhraichean nas fhaide agus nas dorra. ’S ann aig an inbhe seo a ’s urrainn dhaibh tlachd a ghabhail ann a’ leabhraichean Harry Potter agus ùir-sgeoil mion-fhiosrachail, leithid *Charlie and the Chocolate Factory* le Roald Dahl.

### **An Sgoil Mheadhonach (aoisean 11-14)**

Mu’n t-siathaimh ìre, ’s còir dhan chuid as motha de chlainn a bhith a’ leughadh aig inbhe inbhich, neo faisg air sin. A thaobh luchd-leughaidh dhéidheil, dh’fhaoidte gum biodh leabhraichean clasaiceach anns am bheil cànan dhut àrdaichte, leithid *The Wind in the Willows*, freagarrach. A thaobh sgoilearan anns am bheil ùidh nas lugha, feuch sreathan ficsein nas aotroime a chumas iad an sàs, le ùidh ann a’ faighinn a-mach dé bhios a’ dol a thachairt. Tha leabhraichean, mar nobhailean graificeach, làn ghnìomhachdan is thachartasan, mór-thaitneach dhaibhsan. Dh’fhaoidte cuideachd gum faigh luchd-leughaidh na h-aoise seo leabhraichean air beathannan sòisealta dheugairean agus air cleachdaidhean òigearan tarraingeach.

Cum sùil a-mach airson ùghdaran leithid Erin Hunter [*Warriors*], Brian Jacques [*Redwall*], agus Gary Paulsen [*Hatchet; Tracker; agus Dogsong*].

## **Ceisdean a dh'fheumas freagairt aig àm leasachadh gnìomhachdas cloinne neo teaghlaich:**

- Dé a bhios feumach air a' choimhearsnachd?
- Dé na h-aoisean a bhios 'gan toirt a-steach dhan phrògram/gnìomhachdas?
- Dé na stuthan a bhios iomchaidh dhan aois shònraichte?
- Dé na gnìomhachdais a bhios iomchaidh dhan aois shònraichte?
- Dé 'n rùn, neo dé 'n co-dhùnadh, a tha 's an amharc dhan phrògram?

## **Liosta-sùileachaidh airson prògram/gnìomhachdas cloinne neo teaghlaich a leasachadh:**

### **Na th' anns a' phrògram**

- Bidh prògraman 'gan togail air neartan a th' aig teaghlaichean mu thràth
- Théid aideachadh gur e am pàrant a' chiad neach-teagaisg a th' aig a' leanabh agus gur e/i an neach-teagaisg as cudthromaiche
- 'S e am pàrant agus/neo an leanabh cridhe gach gnìomhachdais a théid a dhealbhadh
- 'S e ùidhean dualchasach na coimhearsnachd a chìthear ann a' susbaint a' phrògram
- 'S e cànan(ean) dualchasach na coimhearsnachd a chìthear anns a' phrògram, nuair a bhios seo freagarrach



- Bidh am program 'na fhreagairt do dh'fheuman a bhuineas dhan choimhearsnachd
- Feumaidh teaghlaichean a bhith an sàs ann a' prógraman a dhealbhadh ma 's urrainn
- Rùn 1: Inbhean litireachd agus tuigse de chudthrom litireachd ann a' teaghlaichean a mheudachadh
- Rùn 2: Féin-mhisneachd chomh-phàirtichean a mheudachadh
- Rùn 2: Barrachd theaghlaichean is dhaoine a chur an sàs ann a' gnìomhachdais a bheir litireachd air adhart anns a' choimhearsnachd air fad

### **Adhbharrach Phrógraman**

- Feumaidh iùthaidh stuthan phrógraman a bhith aig àrd inbhe ann a' caochladh mheadhonan ( mar leabhraichean, léir-chlaistinneach, ceàirdean, is eile)
- Feumaidh stuthan a bhith ri làimh gus aoigheachd a thoirt do chaochladh inbhean leughaidh is ùidhean

### **Adhartachadh is Fiosrachadh an t-Sluaigh**

- Feumar tachartasan ri teachd a chur am follais gu math anns a' choimhearsnachd troimh mheadhon phostairean, cuairt-litrichean na coimhearsnachd, an eadar-lìn/phost-dealain, a' réidio agus eagrachaidhean ionadail
- Feumar na tachartasan 'adhartachadh leis a bhith ag innse mu 'n déidhinn gu pearsanta gus an fheadhainn aig nach eile inbhe àrd de litireachd a ruigsinn

## **Fasdadh Shaor-thagraichean**

- Thoir brosnachadh do chomh-phàirtichean a bha 's a' phrògram roimhe a bhith 'nan saor-thagraichean
- Gus dèanamh cinnteach gum bi a' chlann sàbhailte, bidh saor-thagraichean ag obair le buidhnean cloinne (chan ann dìreach mar neach is neach) agus bidh dithisd de shaor-thagraichean ag obair le chéile ma 's urrainn
- Feumar comais shaor-thagraichean 'aithneachadh agus a chur gu feum nuair a's urrainn (m.e. neach a tha ealanta a thaobh ceàird a stiùireadh; neach-leughaidh làidir cleachdte ri bhith os cionn sgeul a leughadh)
- Feumar na saor-thagraichean a bhrosnachadh gus am beachdan a thoirt air a' phrògram/ghnìomhachdas



## A' Cur Sheirbheisean agus Ghoireasan an Leabharlainn gu Feum

Nuair a théid prógram litreachd cloinne neo teaghlaich a leasachadh, 's cudthromach fios a bhith aig neach air na goireasan a th' aig leabhar-lannan a' sgìre. Ann a' Siorramachdan a' Mhanaisdeir, Inbhirnis is Richmond, tha Leabharlann Roinneil Siorramachdan Ceann an Ear a' tairgsinn caochlaidh fharsaing de sheirbheisean, nam measg earrainn de leabharlannan poblach agus leabhraichean 's a' phost.



Gheobhar **Earrainn Leabharlainn** ann a seachd coimhearsnachdan air feadh Shiorramachdan a' Mhanaisdeir, Inbhirnis, agus Richmond: Canso, Guysborough, Sherbrooke, Mulgrave, Baile a' Chlamhain, Bruach na h-Aibhne, agus Petit de Gras. Anns na h-earrainn sin, gheobhar leabhraichean, feadhainn dhiùbh le clò mór, leabhraichean-chlaisteach, DVD-an, meanbh-chlàran, trusgain leabhair, agus barrachd.


Tha **Làraichean Eadar-lìn an Leabh@r-làinn** ri 'm faighinn ann a' naoi Coimhearsnachdan ann a' Siorramachdan Inbhirnis agus Richmond: Siudaig, Seastago, Màmù, Inbhirnis, Baile Naoimh Pheadair agus L'Ardoise. Tha seirbheisean leabharlainn air an tairgsinn anns na coimhearsnachdan sin air stéidh mhìosail( air stéidh gach darna seachdain ann an Inbhirnis, Màmù agus St. Joseph Du moine). Faodar clàr Làrach-lìn an Leabh@r-lainn 'fhaighinn air làraich-lìn an leabhar-lainn neo aig Ionad Cléireil a' leabharlainn ann a' Mulgrave.



'S e **Leabharlann Taorsainn** seirbheis eile a tha air a thairgsinn le Leabharlann Roinneil Siorramachdan Ceann an Ear. Tha an t-seirbheis seo a 'leigeil le libhrigeadh de thaghadh leabhraichean, leabhraichean-chlaisteach, DVDan agus mheanbh-chlàran a dhèanamh aig an dachaidh a h-uile 6 seachdain do choimhearsnachdan sònraichte ann a' Siorramachd a' Mhanaisdeir. Faodaidh feadhainn a tha airson seirbheisean an Leabharlann Taorsainn 'fhaighinn fios a chur chun Ionaid Chléireil agus bruidhinn ri Neach-stiùiridh Seirbheisean na Dachaidh.

'S e **Leabhraichean 's a' Phost** seirbheis a' leigeas le leabhraichean a tha 'gan iarraidh a thighinn 's a' phost dìreach do sheòladh na dachaidh. Chan fhaighear leabhraichean-chlaisteach, DVD-an agus meanbh-chlàran troimh 'n t-seirbheis seo. Faodaidh feadhainn aig a bheil ùidh ann a' Leabhraichean 's a' Phost 'fhaighinn fios a chur chun Ionaid Chléireil agus bruidhinn ri Neach-Stiùiridh Seirbheisean na Dachaidh.

**Clàr-bathair Air-loidhne** – Bidh an clàr-bathair air-loidhne a' toirt cothrom dhan fheadhainn a bhios 'ga chur gu feum sireadh anns na th' aig Leabhar-lann Roinneil Siorramachdan Ceann an Ear 'na broinn. A bharrachd air sin, faodaidh iad nithean a shireadh ann a' co-riantan na h-Albann Nuaidh' eile, is ann a' stòr-datathan ràitheachan; faodaidh iad gréim a chur air nithean a tha iad ag iarraidh; faodaidh iad nithean sònraichte 'iarraidh; agus faodaidh iad an cunntas aca 'ath-sgrùdadh.



**Làrach-lìn an Leabhar-lainn** – cuide ris a' chlàr-bàthair air-loidhne, chìthear air làraich-lìn an leabhar-lainn : uairean a bhios earrainn an leabhar-lainn fosgailte agus far a bheil iad; duilleagan air an dealbhadh do dheugairean is do chlainn; àit' far an urrainn dhut ceisd a chur air leabharlannaiche; ceanglaichean ri caochladh làraichean-lìn, 'nam measg sloinntearachd,

an t-sìde, saidheans agus slàinte, cosnadh agus gnìomhachas, is eile.

Gus barrachd fiosrachaidh 'fhaighinn air na seirbheisean sin, tadhail air  
Làraich-lìn Leabharlann Roinneil Siorramachdan Ceann an Ear aig:

**[www.ecrl.library.ns.ca](http://www.ecrl.library.ns.ca)**



## Beachd-smuaintean a thaobh Phrógraman

Anns an earrainn a leanas, gheobh thu caochladh smuaintean a chuidicheas tu ann a' prógram neo gnìomhachdas cloinne neo teaghlaich a leasachadh. Bidh samhlaidh a' dol leis gach gnìomhachdas a dh'innseas dhut an aois a bhios freagarrach:

Pàisdean is Caodachain

Roimh aois na sgoile

Aoisean 5-7

Aoisean 8-10

Aoisean 11-14

Na h-aoisean uile

Faodaidh na gnìomhachdais seo a lìbhrigeadh anns a' choimhearsnachd, 's an sgoil, neo anns an dachaidh, ann a' cànan sam bith. Gu cinnteach, chan eil anns an liosta seo de gnìomhachdais a h-uile nì as urrainn dèanamh; tha e air a dhealbhadh gus smuaintean bunasach a thaobh phrógraman a thoirt dhut agus gus an toir e lasadh air do mhacmeanmainn. Leig le ùidhean na cloinne agus nan teaghlaichean an rathad a théid am prógram a rèiteachadh agus cum ort leis gach smuain spreòdaich ùir a bhios agad fhéin!

### Àm na Sgeulachd

Roimh aois na sgoile, Aoisean 5-7  
Aoisean 8-10

Tagh cuspair agus treòraich leughaidhean bho leabhar neo bho dhà no thrì leabhraichean anns a bheil do chuspair. Cuir gu feum ceàrdan, geamaichean, neo duineachain agus gréimean-bidhe a chuireas ris a' chuspair agad.

Faodaidh cuspairean a bhith a' toirt a-steach:

- **Co-là-breith sona dhuibh, a Dhoctair Seuss** – Cum co-là-breith Theodoir Seuss Geisel air an 2na là dhen Mhàirt leis a bhith a' cur leabhraichean agus ceàrdan Seuss gu feum. Ma bhios tu airson an tachartas seo a chumail aig amannan eile dhen bhliadhna, dèan Disathairn Gòrach Seuss dheth neo dh'fhaoidte Di-ciadain Faoin. Tha làrach-lìn Baile Seuss a' toirt a-steach gheamaichean,



<http://www.seussville.com/>

- **Caractaran Annsachd Telebhisein** – Cuir air dòigh là de thachartasan mu thimcheall caractaran a chìthear ann a’ dealbhan-àbhachdais, leithid Franklin, Max & Ruby, Toot & Puddle, The Wonder Pets, Miss Spider, Dora the Explorer, agus Diego. Gheobhar cluichean, duilleagan dathachaidh dha ’s urrainn a chur an clò, agus beachd-smuaintean air ceàrdan, gu tric air làraichean-lìn phrògraman telebhisein na cloinne. Faic na làraichean-lìn a leanas gus smuaintean ’fhaighinn:

[www.treehousetv.com/](http://www.treehousetv.com/)

[www.nickjr.com/](http://www.nickjr.com/)

- **Biastragan, Beathaichean is Nàdar** – ’S toil le clainn a bhith ag ionnsachadh mu dhéidhinn bhiastragan, beathaichean agus an t-saoghail mu ’n cuairt orra. Leugh bho thaghadh de leabhraichean anns am bheil stòraidhean fìor neo spleadhasach air cuspair nàdair, stiùir ceàrd a bhuineas do nàdar; dh’fhaodadh tu cuideachd gréimean-bidhe a dheasachadh aig a bheil cuspair nàdair, leithid “seangain air loga”, measgachadh na slighe, neo eadhon “bileagan loin” (\* dèan cinnteach an còmhnaidh nach eil “allergy”-bidhe air duine mas deasaich thu greimeag).

Tha làraichean-lìn gu leòr ann le beachd-smuaintean do cheàrdan le cuspairean a bhuineas do beathaichean. Dh’fhaoidte gun iarradh tu mapa safari a dhèanamh,

neo inneal dà-shùileach a-mach á pìoban phàipeir gus sùil a chumail air nàdar, neo “collage” de beathaichean annsachd na coille fiadhaich.

Tha liosta mhór de beachd-smuaintean air ceàrdan is cluichean air làraich-lìn Chrayola a dh’fhaodar a dhèanamh freagarrach dhan ghnìomhachdas agad fhéin.

[www.crayola.com/](http://www.crayola.com/)

*Seangain air loga:* Sgaoil ìm cnò-thalmhainn neo Nutella air bioraig sheilearaidh, stob rèasanan dhan ìm mar “sheangain” air a’ loga.

*Bileagan Loin:* Sgaoil làn spàin-bùird de dh’ìm cnò-thalmhainn neo de Nutella air aon taobh sliosaig ubhail. Cuir darna sliosag ubhail air sin, a’ fàgail pàirt dhen ìm am follais. Cuir “marshmallows” biodach ri sin gus fiaclan a dhèanamh.

*Measgachadh-slighe na Cloinne:* Measgaich pàirtean ionnan de ghràn, Shreddies neo Chex, suiteis M&M, rèasanan, measan air an tiormachadh (braoileagan, apracotan neo banana) agus cnòthan-talmhainn ann a’ Pocannan “ziplock”.



## **Seall is Innis**

Roimh aois na sgoile, Aoisean 5-7  
Aoisean 8-10

Coltach ri gnìomhachdas na stòiridh a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, tagh cuspair agus stiùir leughaidhean bho leabhar neo leabhraichean a tha a’ déiligeadh leis a’ chuspair agad. Dèan cinnteach gun tagh thu leabhraichean anns am bheil caractaran aithnichte bho thaisbeanadh air telebhisean neo bho fhilmichean. Leig fios chun na cloinne gum bu chòir dhaibh tighinn dhan tachartas is aodach orra mar a bhios air a’ character annsachd aca bhon telebhisean neo bho fhilm. Agus dèan innse dhaibh gum bi cothrom ann an geam “Seall is Innis” a chluich nuair a’s urrainn dhaibh innse có an character a th’ unnta agus carson a tha an character sin ’na annsachd dhaibh. Ás déidh an leughaidh, dean stiùireadh air a’ gheam “Seall is Innis”. Thoir seachad duaisean dhan chomh-phàirtichean cho tric ’s as urrainn. Cuir geamaichean, ceàrdan gu feum neo bhideo anns am bheil fear neo tè dhe na caractaran annsachd aig a’ chlainn. Faodaidh iasad air DVD ’fhaighinn bho’n leabharlann, cuide ri leabhraichean, agus mar sin, ’s còir dhut stuthan a bhuineas dhan chuspair agad ’fhaighinn gun duilgheadas sam bith.



## **Leugh-rium**

Pàisdean is Caodachain, Roimh aois na sgoile

Seo gnìomhachdas do phàrantan neo do luchd-frithealaidh le pàisdean is caodachain. Thoir air pàrantan neo luchd-frithealaidh suidhe còmhla ri 'n clainn gus as urrainn dhaibh eadar-oibreachadh le chéile. Seach nach bi aire fhada aig clainn òga mar is tric, cuir caochladh innealan gu feum gus ùidh cloinne a chumail. Leig le pàrantan leughadh gu dìreach ri 'n cuid cloinne, a' cur leabhraichean-bùird le móran dhealbhan agus beagan fhaclan gu feum. Thoir dhaibh leabhraichean ABC, leabhraichean cunntais, neo stòiridhean duanaireachd furasda. Cuir cairtean plaosgaidh gu feum, duineachain, déideagan mar bheathaichean boga lìonta, videotéipichean agus ceòl gus inntinn a' leanaibh a bhrodadh ann a' caochladh dhòighean.

## **Céilidh-chadail le Beathach Bog Lìonta**

Roimh aois na sgoile  
Aoisean 5-7

*Feumar comas a bhith ann an gnìomhachdas seo a chur air doigh rè dà latha.*

Cuir air dòigh cuirm-chnuic mhathain aig meur leabharlainn neo aig ionad na coimhearsnachd. Thoir air clainn beathach bog lìonta a thoirt leotha a bhios còmhla riutha 's iad 'nan suidhe a' gabhail tlachd ann a' gréim bidhe (neo eadhon pàrtaidh-tì ìomhaigheach), àm na stòiridh agus ceàrd. Aig deireadh na cuirm-chnuic, thoir air a' chlainn am beathach aca 'fhàgail aig an togalach gus “cadal” a dhèanamh a' sin feadh na h-oidhche. Nuair a bhios a' chlann air falbh, tarraing dealbhan dhe na beathaichean lìonta a' gabhail pàirt ann a' caochladh gnìomhachdais ( a' cluich –gèamaichean is spòrs, ag ithe, a' cadal, is eile). Cuir an clò dealbh no dhà de ghach beathach. Thoir air a' chlainn tilleadh an ath mhadainn/fheasgar agus àm stòiridh eile gu bhith aca (faodaidh seo a bhith 'na gnìomhachdas nas giorra). Leugh leabhar eile—'s dòcha leabhar *Toy Story* neo leabhar eile le déideagan a bhios a' bruidhinn—agus an uair sin, dèan deasbad air na gnìomhachdais anns an robh na beathaichean an sàs fhad 's a bu



chòir dhaibh a bhith “ ’nan cadal”. Thoir dhan chlainn dealbhan de thachartasan nam beathaichean aca rè na h-oidhche a bheir iad dhachaidh leotha.

*\*Nuair a bhios tu a’ cur an tachartais seo air dòigh, bi cinnteach gun innis thu do phàrantan gur e beathach bog lionta dha ’s urrainn ’fhàgail air an oidhche a dh’fheumas iad a thoirt dhut, chan e fear leis am bi an leanabh a’ cadal a h-uile oidhche. Chan eil thu airson gum bi an leanabh air a chur troimhe-chéile seach nach eil am beathach annsachd aca aig àm cadail*

## **Poca Stòiridhean**

Roimh aois na sgoile, Aoisean 5-7

Cuir le chéile sreath de phocannan stòiridhean a théid a-mach air iasad do theaghlaichean anns a’ choimhearsnachd. Tòisich le poca canabhais neo poca-droma ’fhaighinn as urrainn a chur gu feum a-rithist. An uair sin, cuir dhan phoca caochladh rudan a bhuineas do dh’ aon chuspair shònraichte.



Dh’fhaodadh na rudan seo toirt a-steach na leanas:

leabhraichean, gèamaichean, smuaintean a thaobh cheàrdan, duilleagan dhathachaidh, duineagain, meanbh-chlàran, DVD-an, seòlaidhean air biadh a dheasachadh, agus rud sam bith eile air an smaoinich thu a bhios freagarrach dhan chuspair.

’S ann am poca-stòiridhean dòigh spòrsail do phàrantan is do chlainn stòiridhean a leughadh le chéile. Gheobh sine-phàrantan, bràithrean is peathraichean nas sine, luchd-frithealaidh agus duine sam bith eile a bhios a’ cur seachad ùine le clainn, na pocannan seo feumail.

Cum liosta dhe na rudan a bhios anns gach poca agus dèan cinnteach gum bi na rudan uile anns a’ phoca nuair a théid a thoirt air ais. Thoir cead do theaghlaichean iasad ’fhaighinn de ghach poca fad seachdain neo dà sheachdain aig aon àm.

**Eisimplear de phoca stòiridh:**

(smuain le Sherri Osborn, About.com)

**Books :** *Horton Hears a Who*—An Dotair Seuss  
*Horton Hatches the Egg*—An Dotair Seuss

**Film:** *Horton Hears a Who!* (2008)

**Beachd-smuaintean Cheàrdan:**

Smal Duslaich air Seamraig -

Gus an t-seamrag agus smal Whoville 'ath-chruthachadh bhon leabhar agus an fhilm, tòisich le glanadair uaine pìoba agus tàth 'pom-pom' pinc ri 'cheann. An uair sin tàth 'pom-pom' bìodach geal neo pìos cotain air a' phom-pom phinc agus leig leis tiormachadh. A-nis, tha seamrag agad dìreach mar an tè aig Horton!

Cluasan is Gnos Ailbhein – Stuthan: Pàipear cur-ri-chéile, pinn mhóra dubha, Téip/'Stàplair', Pìoban tubhailt phàipeir, Bann lùbach (fada)

*Cluasan:* A' cur a' phàipeir cur-ri-chéile gu feum, geàrr a-mach stiall phàipeir mu 2 òirlich de thiughad agus fada gu leòr gu 's urrainn dhut a chur mu d' mhaol (dèan cinnteach gum bi e òirleach neo dhà nas fhaide gu 's urrainn dhut na cinn a thàthadh ri chéile). A-nis, paisg pìos phàipeir eile ann a' dà leth agus geàrr a-machalach de chluasan móra, sùbailte. Cuir oir bonn gach cluais ris a' stiall phàipeir agus tàth iad ri chéile. Nuair a bhios na cluasan air an tàthadh, tàth cinn na stéill ri chéile gus an tig iad gu soisinneach mu d' mhaol.

*Gnos:* Paisg pàipear cur-ri-chéile mu thimcheall phìoban tubhailt phàipeir, a' fàgail nan ceann fosgailte. Tàth bann lùbach ri aon cheann dhen phìoban (aon cheann dhen bhann lùbach air gach taobh dhen phìoban), a' fàgail a' bhainne fada gu leòr gus a chur air do cheann gu soisinneach. Cuir ceann fosgailte a' phìobain air do shròin agus a-nis bidh gnos ailbhein agad.

*Òran:*

Òran an Ailbhein (air fonn "The Mulberry Bush");

Bidh an t-ailbhean a' dol mar siud 's mar seo, mar siud 's mar seo, mar siud 's mar seo.

(Coisich gu trom agus breab na casan agad gu faramach)

Bidh an t-aillbhean a' dol mar siud 's mar seo—cho mór 's cho reamhar 's a tha e!

(Dèan pluicean móra agus sìn a-mach do ghàirdeanan)

Chan eil meuran aige no òrdagan mór', òrdagan mór', òrdagan mór'

(Cuir do mheuran agus d' òrdagan móra a-null's a-nall, a-null's a-nall)

Chan eil meuran aige no òrdagan mór'—ach seall cho mór 's a tha a shròn!

(Sìn do ghàirdeanan a-mach mar ghnos mór.)

*Seòladh:*

Briosgaidean an cruth Cluasan Ailbhein  
Na Gritheidean:

- 1 chupa siùcair
- 1 spàin-bhùird de dhruaip an t-siùcair
- ½ chupa de bhloaig, air a leaghadh
- 1 ugh
- ½ chupa de bhainne goirt
- ¼ spàin-tì salainn
- 1 spàin-tì soda, air a sgaoileadh ann a' bainne
- 2 ½ cupa mhin
- 1 spàin-tì caineil
- ¼ spàin-tì cnò-mhionnt
- 1 spàin-tì faoineig
- 1 chupa rèasanan, air an gearradh



Measgaich na grìtheidean anns an òrdugh a chi thu gu h-àrd; leig làn spàintean dhen taois tuiteam air pana-fuine air a smeuradh le geir. Leig dhaibh bruich ann an àmhainn aig teas 375°.

### **Àm na Sgeulachd : A Rèir nan Ràithean**

Roimh aois na sgoile  
Aoisean 5-7, Aoisean 8-10

Tagh leabhraichean a bhios a' cumail saor-là àraid agus cuir air dòigh ceàrd a bhuineas dhan ràith neo gnìomhachdas a chuireas ris na gheobh iad anns a' leughadh. Faodar gun iarradh tu saor-làithean a chumail air nach bi clann na sgìre ro eòlach, a' leigeil dhaibh ionnsachadh a dhèanamh air saor-là neo cultar ùr. 'S urrainn dhut cuideachd saor-

làithean bho chultaran eadardhealaichte a chur ri chéile gus sealladh nas fharsaing a thoirt dhan chlainn air an t-saoghal. Mar eisimplear, aig leughadh na Nollaig cuir a-staigh sgeulachdan a bheir fiosrachadh air Hanukkah agus Kwanza (dà shaor-latha a bhios 'gan cumail aig àm na Nollaig).

## Ùghdar Latha

Roimh aois na sgoile, Aoisean 5-7  
Aoisean 8-10, Aoisean 11-14

Cuir air dòigh tachartas sgrìobhaidh far an urrainn do chlainn na leabhraichean aca fhéin a thoirt dhachaidh agus an leughadh do bhuill an teaghlaich. Feuch gum bi sòlarachd ri làimh gus an sgrìobh agus gus an dealbh a' chlann na leabhraichean aca fhéin: Tàth duilleagan phàipeir bhàin ri chéile le sreang neo ceanglaichean pràise agus cuir



stoc chairtean neo pìosan bùird Bhristoil gu feum mar chòmhdach do bheul is chùl an leabhair; feuch gum bi pinn mhór dhathaidh, creidheanan is peansailean dathach ri làimh gus a's urrainn dhan chlainn dealbhan a chur 'nan leabhraichean fhéin.

A rèir aois nan comh-phàirtichean, faodaidh na leabhraichean a dhol bho sgrìoban agus litrichean bunasach nach urrainn do dhuine leughadh ach an t-ùghdar-phàisde fhéin gu cùisean-sgeulachd a chaidh a chur air dòigh le deagh aire agus dealbhan nan cois.

Dh'fhaoidte gum bi thu airson tòiseachadh le cuspair neo smuaintean air ioma-chuspair gus am bi àite-tòiseachaidh aig comh-phàirtichean agus nach bi iad gun chuspair. Neo faodaidh tu leughadh a stiùireadh agus toirt air clainn leabhraichean a chruthachadh far am bi feadhainn dhen aon characteran neo suidheachadh car coltach. Nuair a théid na leabhraichean a chruthachadh, 's dòcha gum bi thu airson 's gu leugh a' chlann na leabhraichean aca ris a' bhuidheann neo, mura bi ùine gu leòr ann neo ma bhios a' chlann ro dhiùid airson a bhith a' leughadh gu h-àrd-ghuthach, thoir brosnachadh dhaibh a dhol dhachaidh agus na leabhraichean ac' a leughadh ri caraidean agus buill an teaghlaich. Leig leis a' chlann a bhith cho tionnsgalach 's a thogras dhaibh. 'S e "an speur an t-ìomall" leis a' ghnìomhachas seo.

## **Saidheans air chuthach**

Aoisean 5-7, Aoisean 8-10, Aoisean 11-14

Gu tric bidh dìomhaireachd saidheans ùidheil do chlainn. Cuir iongnadh air buidheann cloinne le fiosrachadh air saidheans agus anns an dòigh sin, thoir beum sìos gu miotasan a thaobh saidheans. Thoir dhaibh cothrom faicinn mar a bhios saidheans ag oibreachadh agus cothrom dhaibh fhéin a bhith 'nan luchd-saidheans leis a bhith os cionn dhearbhadh.

Leabhraichean-saidheans air am faod thu smaoinichadh:

*365 Simple Science Experiments*—E. Richard Churchill, et al.

*365 More Simple Science Experiments*—E. Richard Churchill, et al.

*101 Great Science Experiments*—Neil Ardley

*Oxford Illustrated Science Encyclopedia*

*Science On The Loose*—Helaine Becker

*Super Science Challenges*—Janice VanCleave

*The book of totally irresponsible science: 64 daring experiments for young scientists*—Connolly, Sean

*Amazing materials*—Hewitt, Sally

*Forces and motion*—Silverstein, Alvin

Dh'fhaoidte gum bi thu airson coimhead cuideachd ri làraichean-lìn far am faigh thu deuchainnean-dhearbhaidh eile a 's urrainn a dhèanamh aig an taigh neo ann am buidhnean:

[www.kids-science-experiments.com/](http://www.kids-science-experiments.com/)

<http://www.easy-kids-science-experiments.com/>

## **Eòlas air Rudan Oillteil**

Aoisean 5-7, Aoisean 8-10, Aoisean 11-14

'S toil le clainn a h-uile rud sgrathail is oillteil. 'S e rùn a' ghnìomhachais seo chan e



a-mhàin gràin a chur air daoine ach an tlachd a ghabhas clann ann a’ rudan oillteil a chur gu feum gus saidheans a theagasg dhaibh ann an dòigh fhreagarraich. Leugh air rudan a tha gu deimhinne oilteil ’s an t-saoghal; cruthaich dòigh oillt a chur air daoine; agus feuch deuchainn-dhearbhaidh a chuireas oillt air daoine.

Feadhainn dhe na leabhraichean a dh’ fhaodas cuideachadh a thoirt dhut ann a’ gnìomh a bhuineas do dh’ Eòlas air Rudan Oillteil:

*Grossology*—Sylvia Branzei

*Oh, Yikes! History’s Grossest, Wackiest Moments*—Jay Masoff

*Oh Yuck! The Encyclopedia of Everything Nasty*—Jay Masoff

*Dirt and Grime*—Vicki Cobb

*Gross and Disgusting Things about the Human Body*—Joanna Emery

*Gross Me Out: 50 Nasty Projects to Disgust Your Friends & Repulse Your Family*—Clay Meyer

*Animal Grossology: The Science of Creatures Gross and Disgusting*  
--Sylvia Branzei

*Hands-On Grossology: Really Gross Science Experiments*—Sylvia Branzei

## **Dùbhlán Leughaidh**

Na h-aoisean uile

Dh’fhaodadh an gnìomhachas seo a bhith ag amas air daoine aig gach aois agus air buill na coimhearsnachd uile. Faodaidh dùbhlán leughaidh a stiùireadh ann a’ grunnan beag teaghlaich aig an taigh neo mar dhùbhlán dhan choimhearsnachd air fad.

Thoir dùbhlán dha na comh-phàirtichean àireamh àraid de leabhraichean a leughadh ann a’ mìos. Cum cunntas air cairt air àireamh nan leabhraichean a leughas gach duine neo gach teaghlach. Cuir duais air dòigh dhan duine neo dhan teaghlach a leughas a’ mhór-chuid de leabhraichean aig àm crìoch an dùbhlain.

'S urrainn dhut an gnìomhachas seo a dhèanamh freagarrach do dh'aon duine, do Theaghlaichean, dhan sgoil ionadail neo dhan choimhearsnachd gu léir.

'S e dòigh eile brodadh a thoirt dhan Dùbhlán Leughaidh agad Teisteanais Anabarrach a' Leughadair a chruthachadh do chlainn neo do theaghlaichean a leughas àireamh shuidhichte ann an ùine shuidhichte. Ma 's urrainn, 's dòcha gum bi thu airson duais-tarraing a chur air bhonn dhan fheadhainn a ràinig inbhe a' Leughadair Anabarraich rè an Dùbhlán-Leughaidh.

### **Comann Leabhraichean**

Na h-aoisean uile


'S e dòigh mhath buill na coimhearsnachd agad a thoirt gu leughadh comann leabhraichean a thòiseachadh.

'S urrainn do chomainn leabhraichean obrachadh ann an diofar dhòighean. Ann an iomadh comann-leabhraichean, bidh na buill a' taghadh aon leabhair a leughas iad agus gach mìos, neo dà thuras 's a' mhìos, thig iad le cheile agus nì iad deasbad air a' leabhar. Cuideachd, faodaidh gach ball aon leabhar eadardhealaichte a thaghadh ach air cuspair ionann, agus faodaidh iad tighinn le chéile aig coinneimh far an urrainn dhaibh brìgh an leabhraichean agus léirmheas orra a thoirt seachad. Bidh an dòigh a thaghas tu an comann a chur air dòigh eisimeil air àireamh is aois nan comh-phàirtichean. 'S urrainn do chomainn leabhraichean a bhith air an eagrachadh do ghrunna aig aois sam bith neo aig inbhe leughaidh sam bith, agus tha iad 'nan dòigh mhath do dh' ùidh ann a' leughadh a bhrosnachadh.

### **Teanta-Stòiridh**

Na h-aoisean uile

Bidh feum aig a' gnìomhachas seo air sòlarachd: teanta neo crom-chòmhdach na gréine a 's urrainn a chur suas air an taobh a-muigh, dhà no thrì phlaidean a théid an sgaoileadh air an talamh, agus caochladh leabhraichean fheumail. 'S e aobhar teanta-stòiridh àit' a-muigh a





thairgsinn do chlainn far an leugh iad, far an leugh cuideigin dhaibh, agus far am faigh iad tlachd anns an àrainneachd. Ann a' teanta-stòiridh, faodaidh iomadh seòrsa de leughadh tachairt: leughadh neo-eisimeil, a' chlann a' leughadh ann a' grunnain, clann a' leughadh do chlainn, agus inbhich a' leughadh do chlainn. Ann a' teanta-stòiridh, faodaidh an clàr a bhith air a chur air dòigh (leithid tachartas a thaobh stòiridh 'innse) neo faodaidh an teanta a bhith mar àite far an urrainn dhan chlainn leughadh aig an luaths fhéin. 'S e tachartasan math a th' ann an geumaichean chairtean, geumaichean bùird, ceàrdan agus gréimean-bidhe do theanta-stòiridh. Dìreach bi cinnteach gum bi aonar neo dìthis shaor-thagraichean ri làimh a chuidicheas a' chlann leis a' leughadh agus na ceàrdan.

## **Piotsa Leughaidh**

Roimh aois na sgoile, Aoisean 5-7  
Aoisean 8-10, Aoisean 11-14

'S e seòrsa de dhùbhlann leughaidh do chlainn a tha seo ach le car a bharrachd. Thoir air gach leanabh co dhiùbh aon leabhar 's an t-seachdain a leughadh, leis gach leabhar a' riochdachadh barradh dhan phiotsa. Thoir do ghach leanabh duilleag mhór pàipeir neo bòrd Bhristoil le piotsa mór air a dhealbhadh air. Fàg rùm air gach taobh air an téid tiotal is ainm an ùghdair de ghach leabhar a théid a leughadh. Cuideachd fàg rùm far an urrainn dhan leanabh beachd agus measair a' leabhar a sgrìobhadh—aon phìos piotsa a' ciallachadh nach eil an leabhar ro mhath suas gu cóig phìosan a' ciallachadh gu bheil e fìor mhath. Thoir air a' chlann barraidhean piotsa a dhealbhadh air pìosan pàipeir eile. Leig leotha barradh a ghearradh a-mach do ghach leabhar a leugh iad agus sin a thàthadh air a' phiotsa aca. Aig deireadh tachartas a' chomainn, 's còir dha na comh-phàirtichean piotsa a bhith aca làn bharraidhean! Dh'fhaoidte gum bi thu airson partaidh piotsa a bhith agad (ma bhios sin comasach dhut) gus crìoch Comann Leabhraichean a' Phiotsa-Leughaidh a chomharrachadh.

**Rian nas Adhartaich de Phiotsa-Leughaidh**: Gus clann a thoirt gu caochladh stuthan a leughadh, faodaidh tu ceangal a dhèanamh eadar barraidhean is seòrsachan sònraichte de leabhraichean. Mar eisimplear: tachartas (càise), stòiridh gaoireil (muicfheòil), stòiridh àbhachdach (uinnean), ficsean saidheansail (salami), nàdar (balganan-

buachrach), beath-eachdraidh (peabairean), agus eachdraidh (leannra). Gus am bi am piotsa aca coileanta, feumar aon leabhar de ghach seòrsa a leughadh.

### **Turas Rathad-Leughaidh**

Roimh aois na sgoile, Aoisean 5-7  
Aoisean 8-10, Aoisean 11-14

Coltach ris a' Phlotsa-Leughaidh gu h-àrd, 's e dùbhlán leughaidh do chlainn le car a th' anns a' ghnìomhachas seo. Tòisich le dùthaich, roinn, neo baile mór a thaghadh air an dèan na comh-phàirtichean agad rannsachadh. A h-uile turas a leughas leanabh leabhar, dèan cunntas air àireamh nan duilleagan a thathas air leughadh. Thoir aon chilemeatair mar dhuais dhan leanabh airson gach duilleig a leugh e/i. Bidh na cilemeatraichean sin a' meudachadh agus a' toirt chothrom 'siubhal' air feadh na dùthcha. Mar eisimplear, ma leughas leanabh 50 duilleag, nì e/i siubhal 50 cilemeatair. Dèan cinnteach gu bheil bailtean, bailtean-móra, neo comharraidhean-crìche gu leòr anns an dùthaich neo's an roinn a tha cuimseach faisg air a chéile. Gach turas a théid an leanabh seachad air baile neo comharradh-crìche, gheobh e/i peansail, sanas-leabhair, déideag bheag, candaidh, is eile, mar dhuais. Ás déidh dhan chlainn siubhal air feadh na dùthcha, tagh ceann-uidhe ùr air an dèan iad tadhal. A rèir comas-leughaidh nan comh-phàirtichean agus meud na dùthcha neo na roinn' agad, 's dòcha gum bi thu airson àireamh nan cilemeatraichean a bheir thu seachad mar dhuais 'atharrachadh (1 chilemeatair airson gach 2 dhuilleig a chaidh a leughadh; 1 chilemeatair airson gach chaibidil a chaidh a leughadh, is eile).



### **Crochadh ri Creag**

Roimh aois na sgoile, Aoisean 5-7  
Aoisean 8-10, Aoisean 11-14

Tagh ùirsgeul nas fhaide neo sreath de leabhraichean ri leughadh aig coinneamhan rianail rè ùine a chuireas tu air leth. Bidh aig a' luchd-éisdeachd ri tilleadh an ath thuras gus an cluinn iad an ath chaibidil neo an ath leabhar anns an t-sreath. Feuch gun dèan thu gach coinneamh sònraichte leis a bhith a' tairgsinn ghréimean-bidhe,

thòimhseachain, liostaichean a bharrachd de bheachd-smuaintean a thaobh leabhraichean eile as urrainn dhaibh leughadh, is eile.

Dh'obraicheadh an seòrsa seo de thachartas leis an t-sreath neo na leabhraichean-chaibidil a bu tràithe, suas chun nan leabhraichean as iom-fhillte de dh'fhicsean neo de neo-fhicsean freagarrach do dh' inbhich.

### **Sealg Clabaraiche Air-loidhne**

Aoisean 5-7, Aoisean 8-10,  
Aoisean 11-14

Cuir air dòigh sealg clabaraiche air-loidhne, a' cur làraichean-lìn oideachail agus làrach-lìn an leabhar-làinn ionadail gu feum. Thoir dhan chlainn liosta de cheisdean dha 'm feum freagairt 'fhaighinn leis a bhith a' dol dha na làraichean sin. Bheireadh gnìomhachdas dhen t-seòrsa seo cothrom dhan chlainn eòlas 'fhaighinn air ainm-chlàr an leabhar-làinn agus air goireasan oideachail eile air an eadar-lìn. Ás déidh dhan chlainn an t-sealg a chrìochnachadh, thoir orra na freagairtean aca a chur ann a' post-dealain chun "bhrìtheimh"(cuideigin a dhearbhas na freagairtean). Tagh buadhaiche bho ainmean na cloinne aig am bheil na freagairtean uile gu léir ceart.

### **Iarsmaidhean is Ro-iarsmaidhean**

Aoisean 8-10, Aoisean 11-14

Dèan leasachadh air sgilean sgrìobhaidh na cloinne as sine le toirt orra iarsmadh goirid do dh' annsachd leabhar-chaibidil neo sreatha a sgrìobhadh. Ceangail duilleagan phàipeir bhàin le chéile le sreang neo le teannachaidhean pràise agus cuir cairtean neo pìosan bòrd Bhristoil gu feum airson chòmhdhaichean air a chùlaibh is air a bheulaibh. Innis dha na comh-phàirtichean na leabhraichean annsachd aca a thoirt leotha mar theisteanas ; aig an aon àm, bitheadh leabhraichean coiteanta agad ri làimh dhan fheadhainn aig nach eil cothrom leabhraichean 'fhaighinn gu furasda aig an taigh. Thoir dùbhlán do chomh-phàirtichean na caractaran a chur ann a' suidheachaidhean ùra is spreòdach neo a smaoinichadh air caractaran ùra a chuireas iad ris an fheadhainn eile. Thoir seachad pinn, peansailean agus pinn mhór dathach gus cothrom a thoirt dha na comh-phàirtichean dealbhan a chur air na h-iarsmaidhean aca.

## Oidhche Ùirsgeòil Ghraifich

Aoisean 8-10, Aoisean 11-14

Bho chionn ghoirid, tha ùirsgeòil ghraifeach air a bhith gu math coiteanta am measg cloinn' as sine agus dheugairean. Chaidh cha mhór a h-uile dad, eadar pàipearan éibhinn clasaiceach agus dealbhan-chluich Shakespeare, a chur ann a' cruth ùirsgeòil ghraifich. Gus cùrs' a dhèanamh a-staigh dhan ùidh ùir seo, bi 'nad òsdair do dh' Oidhche Ùirsgeòil Ghraifich anns a' sgìre agad. Thoir cothrom do chomh-phàirtichean obair a dhèanamh air gnìomhadh, leasachadh characteran, bòrd-stòiridh, agus dealbhadh, mu dheireadh a' cur crìch air na h-ùirsgeòil ghraifeach aca fhéin. Dèan cinnteach gum bi stuthan dealbhaidh gu leòr ri làimh (pàipear geal, pinn, peansailean, peansailean dathach, stuth teannachaidh) agus thoir leat ùirsgeòil ghraifeach mar eisimplearan dha na comh-phàirtichean fhads a bhios iad ag obair air na leabhraichean aca fhéin.

### Feadhainn dhe na h-Ùirsgeòil Ghraifeach:

Watchmen  
Bone  
Magic Pickle  
Naruto  
Cheeky Angel  
Hardy Boys

'S e dìreach feadhainn dhe na comasan gun chrìch do phrògraman litreachd cloinne a th' anns na

gnìomhachais seo. Cuir d' eanchainn ris a' ghnòthach gus

smaoineachadh air beachd-smuaintean a bharrachd dhan choimhearsnachd neo dhan leabhar-lann agad; cuir an eadar-lìn gu feum mar thobar de bheachd-smuaintean; agus bi cinnteach gum faighnich thu dhe na teaghlaichean dé na prògraman a bu toil leotha faicinn anns a' sgìre aca.



## Goireasan

### *Goireasan Litreachd Teaghlaich & Cloinne:*

ABC Life Literacy Canada  
<http://www.abclifeliteracy.ca/>

Centre for Family Literacy  
<http://www.famlit.ca/>

Department of Community Services – Children, Youth & Families  
<http://www.gov.ns.ca/coms/families/index.html>

Eastern Counties Regional Library  
<http://ecrl.library.ns.ca/>

KinderArt Littles  
<http://www.kinderart.com/littles/index.html>

LiteracyCentre.Net  
[http://www.literacycenter.net/lessonview\\_en.php](http://www.literacycenter.net/lessonview_en.php)

Literacy Nova Scotia  
<http://www.ns.literacy.ca/>

National Adult Literacy Database  
<http://www.nald.ca/>

Volunteer Canada  
<http://volunteer.ca/>

### *Goireasan Fraingis:*

Caillou  
<http://www.caillou.com/indexFR.shtml>

Dictionnaire Acadien

[http://drobicho.com/lapiquine/dictionnaire\\_acadien/](http://drobicho.com/lapiquine/dictionnaire_acadien/)

French as a Second Language – Activities with M. Renaud

<http://fslactivities.ca/>

Internet Picture Dictionary – French

<http://www.pdictionary.com/french/>

LiteracyCentre.Net

[http://www.literacycenter.net/lessonview\\_fr.php#](http://www.literacycenter.net/lessonview_fr.php#)

Nova Scotia Department of Education, Acadian and French Language Services

<http://dsalf.ednet.ns.ca/en/index.shtml>

Nova Scotia Office of Acadian Affairs

<http://www.gov.ns.ca/acadien/en/index.htm>

The Acadian Language – CBC Digital Archives

[http://archives.cbc.ca/for\\_teachers/939/](http://archives.cbc.ca/for_teachers/939/)

*Goireasan Gàidhlig:*

An Clachan Gàidhealach (Highland Village Museum)

<http://museum.gov.ns.ca/hv/>

Cainnt mo Mhàthar (My Mother's Language)

<http://www.cainntmomhathar.com/>

Gaelic College – St. Ann's

<http://www.gaeliccollege.edu/>

Nova Scotia Office of Gaelic Affairs

<http://www.gov.ns.ca/oga/>

Sheena's Garden – English/Gaelic interactive storybook  
(Pictou Antigonish Regional Library)

<http://www.parl.ns.ca/ebooks/sheenas-garden-ebook.htm>

Siol Cultural Enterprises - Gaelic books and more

<http://www.gaelicbooks.com/>

### *Goireasan Mi'Kmaq:*

Aboriginal Language – Atlantic Canada's First Nation Help Desk

<http://www.firstnationhelp.com/ali/>

Mi'kmaq Resource Centre – Cape Breton University

<http://mikmawey.uccb.ns.ca/miscellany.html>

Native Council of Nova Scotia

<http://ncns.ca/>

Native Languages of the Americas: Mi'kmaq

<http://www.native-languages.org/mikmaq.htm>

Pronouncing Mi'kmaq – Waycobah First Nation

<http://www.kinu.ns.ca/waycobah/sounds.html>

The Mi'kmaq Talking Dictionary

<http://www.mikmaqonline.org/>

## Clàr Leabhraichean

ABC Life Literacy Canada. Family Literacy Facts.

<http://abclifeliteracy.ca/en/family-literacy-facts>

About.com. Horton Hears a Who By Dr. Seuss Story Sack.

<http://familycrafts.about.com/od/homemadebooks/p/sshortonwho.htm>

About.com. Recipes for Kids.

<http://parentingteens.about.com/od/recipesforkids/a/snacks.htm>

BigOven.com. Elephant Ear Cookies.

<http://www.bigooven.com/82462-Elephant-Ear-Cookies-recipe.html>

Canadian Paediatric Society.

<http://www.cps.ca/english/HealthCentres/literacy.htm>

Centre for Family Literacy (2002). Foundational Training in Family Literacy Practitioner's Resource. Edmonton, Alberta: Centre for Family Literacy.

Centre for Family Literacy (2002). Statements of Good Practice for Family Literacy Programs in Alberta. Edmonton, Alberta: Centre for Family Literacy.

Family Literacy Advisory Group (2003). Family Literacy Best Practices Guide: for Programs in Nova Scotia. Truro, Nova Scotia: Colchester East Hants Regional Library.

Literacy Quotations.

<http://thinkexist.com/quotation>

Movement for Canadian Literacy. Factsheet #9: Literacy and Poverty.

<http://www.literacy.ca/themes/mcl/PDF/litforlife/poverty.pdf>



Teaching Ideas. Rewarding Reading.

<http://www.teachingideas.co.uk/english/rewardingreading.htm>

Tiny Tips for Library Fun. Stuffed Animal Sleepover.

<http://tinytipsforlibraryfun.blogspot.com/2009/03/stuffed-animal-sleepover.html>

United Nations Educational, Scientific and Cultural Organization (2004). The Plurality of Literacy and its Implications for Policies and Programs. Paris: UNESCO Education Sector.